

PIAN ÌOCHDAR NA BRONNA

SILIDHEAN-MÌOS
GORTA

PIAN RÈ NO ÀS DÈIDH FEISE

PIAN RÈ MÙIN
SGÌTHS

GLUASADAN
GORTA

TRIOBLAID FÀS TROM LE LEANABH

A BHEIL CUID DEN SIN AGAIBH? DH'FHAODADH GUR ENDOMETRIOSIS A THA ANN

Fulaingidh mòran bhoireannaich agus feadhainn a dh'ainmichear boireann nuair a rugadh iad pian le sileadh na mìos, ach ma tha a' phian a' milleadh ur beatha làitheil bu chòir dhuibh **fios a chuir air ur dotair.**

☎ Loidhne-thaice: **0808 808 2227**

🌐 www.endometriosis-uk.org

ENDOMETRIOSISUK



DÈ A THA ANN AN ENDOMETRIOSIS?

Is e a tha ann an endometriosis, tinneas far am bi ceallan coltach ris an fheadhainn sa bholg a' fàs ann an àite eile sa chorp, mar as trice ann an lag iochdar na bronna. Gach mìos bidh na ceallan sin a' gluasad a rèir cearcall sileadh na mìos san aon dòigh ri na ceallan sa bhrù, gan togail, gam briseadh sìos agus le sileadh fala. Aon-choltach bho na ceallan sa bholg a dh'fhàgas an corp aig àm silidh na mìos, chan eil dòigh aig an fhuil seo faighinn a-mach. Adhbharaichidh seo ainteas, pian agus stuth-eàrra (leanmhainneachd).

Faodaidh na comharran a bhith eadar-dhealaichte bho neach gu neach, a rèir càite a bheil an endometriosis a' fàs. Buailidh e gu cruaidh air cuid, ged is dòcha nach bi comharran chàich cho follaiseach. Ma mhilleas pian sileadh na mìos ur beatha làitheil bu chòir dhuibh fios a chuir air ur dotair.

Buailidh endometriosis air 10% de bhoireannaich agus feadhainn a dh'ainmichear boireann nuair a rugadh iad eadar inbhidheachd agus làn-sgur nam mìos-dhòrtadh, ged is dòcha a dh'fhaichear na buaidhean fad beatha - sin do chòrr is 1.5 millean san RA. Chan e nì gabhaltach no aillse a tha ann an endometriosis, agus cha sgaoil e bho aon neach do neach eile.

CHÌ MI NA COMHARRAN...DÈ NÌ MI?

Gheibhear taic gus breithneachadh lèigh fhaighinn agus gus smachd fhaighinn air an endometriosis. Bruidhnibh ri ur dotair agus bithibh cinnteach gun innis sibh uiread mu na comharran agaibh is a ghabhas. Faodaidh e a bhith na chuideachadh leabhair-là pian agus comharran a chumail gus na comharran a mhìneachadh. Thigibh don làrach-lìn againn airson barrachd ionnsachadh mu endometriosis agus airson comhairle dè chanas sibh ris ur dotair.

CIAMAR A CHUIDICHEAS ENDOMETRIOSIS UK?

Tha farsaingeachd goireasan fiosrachaidh againn air ar làrach-lìn, nam measg leabhair-là pian agus comharran agus seòladh gus breithneachadh lèigh fhaighinn, agus fiosrachadh mu na buidhnean taic ionadail againn, làrach còmhraidh air loidhne againn agus loidhne-thaice.

☎ Loidhne-thaice: **0808 808 2227**

🌐 www.endometriosis-uk.org

ENDOMETRIOSISUK

